

Pàirt 1

- a. Dè tha air innse dhuinn mu àite Bharcelona taobh a-staigh na Spàinne?
- b. Dè am beachd a th' aig Criosaidh Dick air Barcelona? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa.

	Gur e am baile mòr as fheàrr leatha.
	Gu bheil e brèagha ach nach eil e cho snog ri Dùn Èideann.
	Gur e àite math a th' ann airson saor-làithean.

- c. Ainmich **dà** rud a tha a' tàladh dhaoine a Bharcelona.
- d. Dè na rudan a tha sònraichte mu Chatalonia? Cuir ✓ ann an **tri** bogsaichean.

	Tha an slugh den beachd gu bheil iad diofraichte on chòrr dhen dùthaich.
	'S e eilean a th' ann.
	Tha tomhas de fhèin-riaghladh aige.
	Tha e gu math beairteach.
	Tha cànan sònraichte aige.

1

1

2

3

Pàirt 2

- a. Ainmich ealain anns a bheil ùidh aig sluagh Bharcelona.
- b. Dè chithear air feadh Chatalonia?
- c. Carson a tha muinntir Bharcelona dèidheil air Christopher Columbus? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa?

	'S ann gu Barcelona a thàinig e an dèidh dha Ameireaga a lorg.
	Bha e measail air an Spainn.
	Tha iad den bheachd gur e Catalanach a bh' ann.

- d. Dè tha anns an Santa Maria?

Pàirt 3

- a. Dè tha anns na Ramblas?
- b. Ainmich dà rud a ghabhas ceannach anns an Ramblas.
- c. Dè an t-àite mu dheireadh mun do bhruidhinn Crìosaidh Dick?
- d. Cia mheud neach a ghabhas an t-àite seo?

1

1

2

2

1

2

1

1

An earrann gu lèir

Smaoinich air an earrainn air fad.

- a. Nad bheachd-sa, carson a sgrìobh Criosaidh Dick an earrann seo?
Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa.

1

	Bha i fhèin air a bhith ann am Barcelona agus bha i airson gum beachdaicheadh an luchd-èisteachd air a dhol ann cuideachd.
	Bha i airson sealltainn mar a tha Catalonia glè choltach ris a' Ghàidhealtachd.
	Bha i airson coimeas a dhèanamh eadar Barcelona agus prìomh bhailtean eile na Roinn Eòrpa.

- b. Inns dè a' bhuaidh a bha aig an earrainn ort fhèin?

1

- c. Dè an tìotal as freagarraiche mar ainm air an earrainn seo?
Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa.

1

	Santa Maria.
	Thugam agus Bhuam.
	Baile sònraichte.

20